

# Pòsadh Loch Iall

le Donnachadh Mac an t-Saoir, 1875

Seinnidh mise dhuibh briathran,  
Tha ro chiatach is taitneach,  
Mu dhéidhinn Loch Iall,  
A bh'againn riamh 'na chùl-taice,  
Chan eil duine anns an rìoghachd,  
Nach cual' gach ni mar a thachair,  
Neo tha buidhre nan cluasan,  
'S bodhar-fhuaim 'staigh nan claiginn!

Chualas sgeula air a ghaisgeach,  
Tha ro thaitneach ri innse,  
Geug da 'n darrach gun mheang,  
A bh' againn ann bho chionn linnntean,  
Tha e 'm bliadhna 'n déidh pòsadh,  
Ri ban-diùc òg àrd na rìoghachd,  
Le daingeantas làidir,  
Agus càirdeas gun chrìoch air.

Siud an oidhche bha soillse,  
'S gum b' ro aoibhinn Loch Abar,  
Eadar Caolas 'IcPhàdraig,  
Agus Bràighe Loch Arcaig,  
Teine mòr air na beanntan,  
Aig gach meall agus bacach,  
Lasair dhearg 'dol sna speuran,  
'S gann bu léir dhuinn an t-adhar!

'S ioma maighdeann bha truagh dheth,  
San taobh tuath seo, fo smalan,  
An dùil gun dèanadh i 'bhuannachd,  
Le suaire 's le cùl-taic,  
Agus ban-tighearna uasal,  
'Bha 'n dùil gur brudair a bh' aca,  
'S tha nise 'n déidh dùsgadh,  
Bho thursa làn airtneal.

Siud an dream a bha uasal,  
'On a ghluais iad fon asgaid,  
Sheas an rìoghachd 's bu dual dhoibh,  
Le faobhar tuaith agus claidheamh,  
Craobh dhearg don darrach le rùsg,  
'S i gun lùb is gun ghaiseadh,  
An duilleag ghorm 's i cho curaidh,  
Leis an driùchd 's i làn mealla.

Bha iad bàidheil is truacant',  
Ri a cuid tuath air an fhearann,  
'S gach linn dh'éirich uapa,  
Gun bu dual dhoibh a leannachd,  
Cridhe fialaidh is pàirteil,  
Agus bàidheil mar charaid,  
'S gheibh iad urram gu bràth,  
Mar a shabhail iad Glaschu!

'S tha sinn toilichte am bliadhna,  
Deagh Loch Iall 'bhith tighinn dhachaidh,  
Le bean òg a chùl dualaich,  
An leadainn chuachaich, chùil-chleachdaich,  
Tha a sìos mar an fhaolan,  
'S a gruaidh mar chaoran air mheangan,  
Dà shùil mheallach, ghorm, bhòidheach,  
Is mhealla chòmhnard na ainmir.

'S Ó chan ìoghna mar tha thu,  
'S thu thighinn an àird o na Scotsaich,  
Bha iad foghainnteach, dileas,  
Fo an sinnsireachd an toiseach,  
Bha iad measail an Albainn,  
Am measg gach ainm is gach cogadh,  
'S dh'aindeoin Shasainn 's i strì ris,  
Ghléidh e chrìochan ge b' oil leo'.

Siud na doinne tha ainmeil,  
Bho a linn aig Rìgh Seumas,  
Nuair a chaidh iad don mhunadh,  
A dh'iarraidh sìtheann le éibhneas,  
Chuir Rìgh Seumas an t-saighead,  
Anns a' bhoc 's cha do gheil e,  
Rinn an Scotach a chasgairt',  
An curaidh gasta 's an treun-fhear.

Tha sinn a-nise làn sòlais,  
A bhan-dhiùc òg 'bhith tigh'nn dhachaidh,  
Mair ri oighre MhicDhòmhnail,  
Far 'm beil gach seòrsa dhith pailt ann,  
Marbhar fiadh is a mhunadh,  
Á uinneig mullaich a Chaisteil,  
'S air bradan lannach, geal, ciatach,  
Á seòmar ìochdar an taighe.

'S gun robh sonas is buaidh,  
Leis a charaid uasal seo 'thachair,  
'S gum bi 'n t-Àrd-Rìgh mun cuairt doibh,  
Gach taobh an gluais iad 's an gabh iad,  
Tha sinn a-nis air làn dòchas,  
Mas e 'n t-òrdugh e thachairt,  
Gun dig oirnne oighre òg,  
A ghléidheas corachan athar.